

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnòthaich	5
Àir. Aithisge	G/18/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 19 Samhain 2025

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisg seo cunntas às ùr a thoirt air prìomh leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd, le fòcas sònraichte air gnìomhachdan ro-innleachdail a tha a' co-thaobhadh ri Plana Gàidhlig (PG) Chomhairle na Gàidhealtachd agus Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.

Tha i a' comharrachadh adhartas gu ruige a bhith a' cur air dòigh solar Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) aig Bun-Sgoil Loch Àlainn agus a' mìneachadh leasachadh prògram in-sheirbheis foghlaim Ghàidhlig mar fhreagairt a tha a' cuimseachadh gu sònraichte air an dleastanas reachdail a tha air a chur air ùghdarrasan foghlaim.

- 1.2 Tha an aithisg seo cuideachd a' mìneachadh mar a thathar a' cleachdadh tuigse bho Cho-labhairt Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd mu bhuilean eaconamach, a chaidh a chumail o chionn greise, gus fios a chur ris a' chlàr-ghnòthaich airson ionnsachadh proifeiseanta thidsearan.

Chomharraich a' cho-labhairt luach sòiseo-eaconamach foghlaim Ghàidhlig agus a dhreuchd ann an seasmhachd choimhearsnachd, cosnadh, is dearbh-aithne cultarach.

Thathar a-nis a' toirt na chaidh ionnsachadh an lùib nan ath cheumannan a thaobh planadh airson leasachadh proifeiseanta, airson dèanamh cinnteach gu bheil tuigse nas fharsainghe aig luchd-foghlaim air buaidh eaconamach is shòisealta FtG.

Tha an co-thaobhadh ro-innleachdail seo de bhuilean PG a' cur taic ri leasachadh is libhrigeadh solar Gàidhlig de chàileachd àrd air feadh na Gàidhealtachd.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- toirt fa-near dhan adhartas gu ruige a bhith a' cur solar Foghlam tron Ghàidhlig air dòigh ann am Bun-Sgoil Loch Àlainn;

- ii. toirt fa-near do leasachadh a' phrògraim in-sheirbheis airson foghlam Gàidhlig mar fhreagairt ro-innleachdail dhan *Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig*, a tha ga chur mar dhleastanas air ùghdarrasan foghlaim taic a chur ri foghlam Gàidhlig de chàileachd àrd; agus
- iii. toirt fa-near do na tha tachartasan a leithid an In-sheirbheis agus an t-sreath phod-chraolaidh Oideas a' cur ri bhith a' comharrachadh 40 bliadhna de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig (FtG), agus ri bhith a' cur taic ri conaltradh leantainneach le iomairtean cnuasachail is iomairtean a tha air an stiùireadh le luchd-cleachdaidh a tha a' neartachadh follaiseachd is buaidh foghlaim Ghàidhlig sa Ghàidhealtachd.

3. Builean

- 3.1 Goireas – Airson na bliadhna ionmhasail 2025/26, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sonraichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.3M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta de £8.3M agus chaidh £940,000 fhaotainn. Tha am maoineachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG a' toirt taic luachmhor seachad airson raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid a' dol ri libhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoineachadh a bharrachd tro thagraidhean airson pròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG).
- 3.2 Laghail – Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas air ùghdarrasan foghlaim air fad brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.
- 3.3 Cunnart – Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr on aithisg seo.
- 3.5 Gàidhlig – Tha an aithisg a' cur ri leasachadh foghlaim Ghàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Cunntas mun iarrtas airson Foghlam Bun-Sgoile Gàidhlig ann an Loch Àlainn

5.1 Fhuair Comhairle na Gàidhealtachd iarrtas airson Foghlam Bun-sgoile Gàidhlig (FBG) bho cheathrar phàrant aig Bun-Sgoil Loch Àlainn air 6 Samhain 2023. Bheachdaich a' Chomhairle air co-dhiù a bha FBG a dhìth a rèir an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, mar phàirt dhen mheasadh thùsail. Tha an Stiùireadh a' mìneachadh nan ceumannan a dh'fheumas ùghdarrasan foghlaim a ghabhail gus measadh a dhèanamh air iarrtas airson FtG. Ma tha ùghdarras foghlaim dhen bheachd gum faodadh FBG a bhith a dhìth ann an sgìre mheasaidh FBG, tha dà roghainn ann. Faodar:

1. measadh iomlan a ghabhail os làimh a thaobh co-dhiù a tha FBG a dhìth san sgìre mheasaidh FBG; no
2. gun a bhith a' gabhail measadh iomlan os làimh, a chuid ùghdarrais fhèin a chleachdadh a thaobh dè na ceumannan a bu chòir a ghabhail gus solar FBG a chur air dòigh, mar a tha e a' meas iomchaidh, san sgìre mheasaidh FBG.

5.2 Bha an fhreagairt dhan mheasadh thùsail a' moladh gum bu chòir do Chomhairle na Gàidhealtachd 'solar FBG a chur air dòigh' mar na h-ath cheumannan do fhreagairt an iarrtas reachdail. Ann an aonta le pàrantan, chaidh a' Chomhairle air adhart gu fastadh leis an amas solar a chur air dòigh le ceann-latha tòiseachaidh san Lùnastal 2025, airson freagairt air cinn-latha clàrachaidh Clas 1 airson na cloinne a tha ag iarraidh FtG. San eadar-àm, chaidh FtG ann an tràth-ionnsachadh a thoirt seachad mar ghoireas a bharrachd do Thràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne Loch Àlainn. Bha seo ag amas air deagh thaic a chur ri gluasad na cloinne bho thràth-ionnsachadh chun na bun-sgoile, mus deigheadh FtG a stèidheachadh bhon Lùnastal 2025.

5.3 A dh'aindeoin sreath de shanasan fastaidh, chan eil e air a bhith comasach dhan Chomhairle tidsear maireannach FtG fhaighinn airson Bun-Sgoil Loch Àlainn, agus bha seo dùbhlach a thaobh a bhith a' stèidheachadh solar. Tha prìomh oifigearan air ceangal cunbhalach a chumail suas le pàrantan is le Ceannard na Sgoile gus dèanamh cinnteach à conaltradh follaiseach is taic leantainneach. Ann an spiorad obrachadh com-pàirteach, chaidh cuireadh a thoirt do Chomann nam Pàrant – co-chomhairlichean reachdail sa phròiseas làn-mheasaidh – gus pàirt a ghabhail sna deasbadan seo, ged nach eil seo na riatanas foirmeil.

5.4 Gus taic a neartachadh, chaidh àrd-sgioba stiùiridh Bun-Sgoil Àth Tharracail – a leasaich FtG gu soirbheachail mar a chaidh aithneachadh ann an sgrùdadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim – a thoirt a-steach mar chom-pàirtiche gus FtG a stèidheachadh. San eadar-àm, tha tidsearan solair FtG a' libhrigeadh solar pàirt-ùine, aghaidh-ri-aghaidh, fhad 's a tha fastadh a' leantainn air adhart. Tha seo air a neartachadh le taic choimhearsnachd Ghàidhlig bho Cheannard Cluiche Gàidhlig 0–3 Chomhairle na Gàidhealtachd, tadhalan airson ionnsachadh co-aoiseach le clas Gàidhlig Àth Tharracail, taic bho phàrantan le Gàidhlig, agus teagasg an dà chuid air-loidhne is aghaidh-ri-aghaidh.

Tha na h-oidhirpean measgaichte seo a' sealltainn dealas na Comhairle do bhith a' cur air dòigh solar seasmhach FtG. Tha seo cuideachd a' cur taic ri amasan ro-innleachdail foghlaim Ghàidhlig san fharsaingeachd, a rèir prìomhachasan ro-innleachdail Plana na Gàidhlig.

- 5.5 Leanaidh oifigearan is an Ceannard air adhart a' coinneachadh gu cunbhalach le pàrantan gus fios a chumail riutha mu bhuilean a' phròiseis fhastaidh. Thèid leantainn air adhart a' toirt chunntasan mu bhith a' cur FtG air dòigh do Riaghaltas na h-Alba agus do chom-pàirtichean.

6. Ionnsachadh Proifeiseanta Foghlam tron Ghàidhlig 2025/26

6.1 Leasachadh Litearras na Gàidhlig

- 6.1.1 Tha an t-Oifigear Leasachaidh air a bhith ag obair gu dlùth leis an Àrd-Ollamh Will Lamb agus June Ghreumach bho Oilthigh Dhùn Èideann mun phròiseact aca 'Ag Aithneachadh Cainnt Chloinne', a tha air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.

Tha am pròiseact seo ag amas air siostam aithneachadh cainnt fèin-ghluasadach a leasachadh gus an urrainnear a chleachdadh mar inneal cuideachaidh gus taic a thoirt do sgoilearan FtG len cuid ionnsachaidh. 'S e amas an rannsachaidh coimpiutairean a chleachdadh gus cainnt Ghàidhlig chloinne aithneachadh gus an taic theicnigeach a tha ri fhaotainn do chloinn ann am FtG a leudachadh. Gus taic a chur ri leasachadh an t-siostaim aithneachadh cainnte seo, bidh sinn a' cuideachadh an Àrd-Ollamh Lamb agus June Ghreumach le bhith a' clàradh guthan mu 100 sgoilear bho sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd. Bheir seo cothrom dhan sgioba an uair sin measgachadh de luchd-labhairt fhaighinn le aoisean, dual-chainntean is fileantachd eadar-dhealaichte.

- 6.1.2 Tha an sgioba air co-obrachadh leis a' chompanaidh Everway, a leasaich *Read&Write*. Aig a' cheann thall, thathar an dòchas gum bi an siostam tar-sgrìobhaidh ri fhaotainn do sgoiltean na h-Alba air fad tron chom-pàirteachas seo. Neartaichidh an teicneòlas an taic litearraise seo a tha ri faotainn ann am FtG tro bhith ag aithneachadh is a' freagairt ann an Gàidhlig labhairteach, a' tabhann dhòighean ùra do sgoilearan gus ceangal a thogail le leughadh is sgrìobhadh sa Ghàidhlig airson a' chiad uair. Bidh seo a' toirt seachad buannachdan fad-ùine airson sgoilearan FtG.

6.2 In-sheirbheis Ionnsachadh Proifeiseanta Foghlam tron Ghàidhlig

- 6.2.1 Tha oifigearan foghlaim air coinneachadh gus bruidhinn mun phlana uile-choitcheann airson taic a thaobh ionnsachadh proifeiseanta do thidsearan FtG air an t-seisean seo. Tha ionnsachadh proifeiseanta cuimsichte a' leantainn air adhart agus air a thoirt seachad tron t-seisean air fad, an dà chuid airson builean ann an litearras Gàidhlig agus builean prògram 1+2.

- 6.2.2 Chaidh plana airson an in-sheirbheis 1-latha a leasachadh mar fhreagairt air na dùilean a tha air am mìneachadh san *Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig*, a tha ga chur mar dhleastanas air ùghdarrasan foghlaim agus buidhnean buntainneach taic a chur ri bhith a' leasachadh is a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig de chàileachd àrd. 'S e prìomh phàirt dhen stiùireadh seo gum bi ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd ri fhaotainn do thidsearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).

Tha an stiùireadh ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi e comasach do thidsearan:

- Fileantachd is litearras sa Ghàidhlig a leasachadh is a chumail suas.

- Cothrom fhaighinn air leasachadh proifeiseanta leantainneach a tha a' freagairt gu sònraichte air feumalachdan foghlaim Ghàidhlig.
- Comas ceannardais is planaigh a neartachadh taobh a-staigh solar Gàidhlig.

Tha an in-sheirbheis ag amas air taic a chur ris na mion-amasan seo tro bhith a' tabhann chothroman airson ionnsachadh proifeiseanta, tro bhith a' brosnachadh co-obrachadh, agus tro bhith a' togail misneachd is càileachd ann a bhith a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig.

6.2.3 Tha am prògram seo ag amas air com-pàirtichean ionadail is nàiseanta a thoirt còmhla – a' gabhail a-steach Sabhal Mòr Ostaig, Foghlam Alba, agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim – gus teachdaireachdan a cho-thaobhadh agus eòlas a cho-roinn. Bidh na prìomh chuspairean a' gabhail a-steach:

- Lèirsinn agus Stiùir Ro-innleachdail: A' sgrùdadh buaidh shòisealta is eaconamach na Gàidhlig san fharsaingeachd agus a' comharrachadh 40 bliadhna de FtG.
- Curraicealam, Càileachd agus Eòlas-teagasg: A' coimhead air a bhith a' toirt na Gàidhlig an lùib dealbhachadh curraicealaim, litearras, eadar-dhealachadh, agus taic airson Feumalachdan Taice a Bharrachd, ann an dòigh bhrìoghmhor.
- Goireasan, Ùr-ghnàthachadh, agus an t-Àm ri Teachd: A' togail aire mu ghoireasan nàiseanta, na meadhanan, agus teicneòlasan a leithid tuigse fhuadain (AI) a tha a' tighinn am bàrr gus taic a chur ri foghlam Gàidhlig.

Tha an tachartas seo cuideachd a' beachdachadh air mar a dh'fhaodas foghlam cur ri seasmhachd eaconamach na Gàidhlig, a' cur taic ri fàs ann an roinnean a leithid cultar, na meadhanan, agus gnothachas.

6.2.4 Tha an tachartas ag amas air cothrom luachmhor a thoirt seachad gus prìomh chom-pàirtichean ann am foghlam Gàidhlig a thoirt còmhla, a' gabhail a-steach Sabhal Mòr Ostaig (SMO), Foghlam Alba, agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim. Tha an com-pàirteachadh aca a' neartachadh co-obrachadh taobh a-staigh na Gàidhealtachd agus thar na Gàidhealtachd a thaobh a bhith a' neartachadh is a' leasachadh FtG. Thathar cuideachd a' comharrachadh clach-mhìle chudromach – 40 bliadhna bhon chaidh FtG a stèidheachadh – a' toirt cothrom do thidsearan coimhead air ais air adhartas agus prìomhachasan a shuidheachadh airson an ama ri teachd.



6.2.5 Gus taic a chur ris an h-ath cheumannan bhon Cho-labhairt Ghàidhlig a bha a' coimhead gu sònraichte air buannachdan eaconamach na Gàidhlig, tha am planadh is an libhrigeadh seirbheis ag amas air sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodas foghlam cur ri seasmhachd eaconamach na Gàidhlig. Bidh seo a' gabhail a-steach mar a bhios Gàidhlig agus foghlam a' cur taic ri roinnean mar na meadhanan, cultar is gnothachas, a' daingneachadh dreuchd na Gàidhlig taobh a-staigh na h-eanamaidh a rèir builean Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.


6.3 Oideas – Sreath 4

6.3.1 'S e sreath pod-chraolaidh a th' ann an *Oideas*, air a leasachadh le Sabhal Mòr Ostaig (SMO), le taic bho Sgioba na Gàidhlig agus fo aoigheachd Gwen NicGuaire, Ceannard Foghlam Thidsearan aig SMO. Thathar a' sgrùdadh FtG san fharsaingeachd, tro chòmhraidhean domhainn le luchd-foghlaim aig a bheil mòran eòlais. Tha am pod-chraoladh ag amas air taic a chur ri leasachadh proifeiseanta,

smaoineachadh ùr a bhrosnachadh, agus ionnsachadh co-roinnte àrach am measg thidsearan a tha ag obair ann am foghlam Gàidhlig. Tha gach craoladh a' gabhail a-steach agallamhan cnuasachail a tha a' beachdachadh air na dùbhlain, soirbheachasan, is cleachdaidhean a tha air an co-roinn taobh a-staigh FtG, agus mar a tha iad seo ag atharrachadh thar ùine. Tha an t-sreath air a dealbhachadh mar ghoireas airson luchd-foghlaim a th' ann an-dràsta agus san àm ri teachd, a' tabhann tuigse air eòlas-teagaisg, leasachadh curraicealaim, agus an dreuchd as fharsainge a th' aig a' Ghàidhlig ann am foghlam.

- 6.3.2 Tha an t-sreath làithreach a' gabhail a-steach agallamhan le tidsearan aig a bheil beairteas eòlais, is iad air foghlam Gàidhlig fhaicinn a' fàs is a' leasachadh thar dheicheadan. Tha na smuaintean aca a' toirt seachad seallaidhean luachmhor mu chleachdadh, prìomh theachdaireachdan airson an ama ri teachd, agus cudromachd leantainneach na Gàidhlig ann a bhith a' toirt cumadh air dearbh-aithne foghlamach is cultarach.
- 6.3.3 Tha an t-sreath phod-chraolaidh *Oideas* a' cur ris a' chlach-mhìle 40 bliadhna tro bhith a' glacadh chòmhradh cnuasachail le tidsearan a tha agus a bha ag obair ann am FtG Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha agallamhan cuideachd a' gabhail a-steach còmhradh leis an Dr Donald NicComb. Bha an Dr McComb na Ceannard air a' chiad sgoil 3–18 le Gàidhlig a-mhàin ann an Alba, a chaidh a stèidheachadh ann an 2006. <https://www.smo.uhi.ac.uk/oideas/?lang=en>





Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 8/10/25

Ùghdar: Lena Walker, Oifigear Taic Foghlaim